

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a sgaileadh sa bhad

23/05/2013

Taic-airgid ri faotainn do dhaoine aig a bheil ùidh ann an teagasg

Tha Bòrd na Gàidhlig an-diugh (23/05/2013) a' foillseachadh sgeama taice bliadhnailean do dh' oilleanaich teagaisg agus cothrom ann fhathast do dhaoine a tha airson a bhith nan tidsearan Gàidhlig cur a-staigh airson cursaichean teagaisg a tha a' tòiseachadh as t-samhradh.

Tha àiteachan rim faotainn fhathast air cuid de na cursaichean teagaisg Gàidhlig, a' gabhail a-staigh cursaichean Bun-sgoile agus Àrd-sgoile – Gàidhlig mar chuspair agus cuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig.

'S ann aig Oilthigh Srath Chluaidh, Oilthigh Obar Dheathain agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha na cursaichean Ciad-fhoghlam Luchd-teagaisg Gàidhlig stèidhichte.

Le roghainn fharsaing de chùrsaichean fo-cheuma agus for-cheuma ann airson teagasg, thathas a' sùileachadh gun tig àrdachadh air an àireimh de dhaoine a tha gu bhith ag ionnsachadh gu bhith nan tidsearan Gàidhlig ann an 2013-2014.

Tha an sgeama taice aig Bòrd na Gàidhlig, air a bheil Tabhartasan Foghlaim, a' tabhann maoineachadh suas gu £1,000, agus sin a rèir dè an cursa agus cò a' bhliadhna ionnsachaidh air a bheil an neach, agus taic le cìsean cursa mura faigh daoine iad sin air am pàigheadh le Buidheann Thabhartasan Oileanach na h-Alba (SAAS).

Tha am Bòrd cuideachd ag aithneachadh gu bheil aig cuid a dhaoine ris an dreuchd a leigeil seachad airson trèanadh a dhèanamh mar thidsear agus mar thoradh air an sin, tha maoineachadh a bharrachd ri fhaotainn suas gu £4,000 do dhaoine san t-suidheachadh sin.

Feumaidh iarrtasan airson an sgeama seo a bhith aig Bòrd na Gàidhlig ro Dhiluain 16 Sultain 2013.

Thuirt an Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri Nic Ille Mhaoil: "Tha raon farsaing de chùrsaichean ann do dhaoine aig a bheil ùidh a bhith nan tidsearan Gàidhlig, edar cursaichean fo-cheuma is for-cheuma, ionnsachadh làn-ùine is pàirt-ùine agus ionnsachadh air astar.

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



“Airson na targaidean a tha anns a’ Phlana Càin Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh a thaobh a bhith a’ toirt fàs air an àireimh bhliadhnaile a tha a’ dol gu Foghlam tron Ghàidhlig tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh dìreach cho cudromach ’s a tha e gum bi barrachd luchd-teagaisg ann agus tha an sgeama, Tabhartasan Foghlaim, a’ cur ris an obair a tha ga dhèanamh airson daoine a bhrosnachadh a dhol air adhart gu càrsaichean teagaisg Gàidhlig.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachadh fhaighinn mu na cothroman a th’ ann cur a-staigh airson càrsaichean teagaisg agus mun sgeama Tabhartasan Foghlaim, cuiribh fios dhan Oifigear Trusaидh Luchd-teagaisg aig Bòrd na Gàidhlig aig teagasg@gaidhlig.org.uk no 01463 225 454.

Notaichean do luchd-deasachaidh

Tha e mar phriomhachas ro-innleachdail ann am Plana Càin Nàiseanta Ghàidhlig 2012-2017 dèanamh cinnteach gun dèanar oidhirpean gu leòr a thaobh a bhith trusadh, a’ gleidheadh, agus ag oideachadh luchd-teagaisg airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Ghàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (FGL) agus a thaobh a bhith leasachadh nan sgilean aca.

Tha iomairt trusaïdh aig Bòrd na Gàidhlig feuch am bi daoine air am brosnachadh gu bhith dol an sàs ann an teagasg Gàidhlig, ’s e Gabh an Cothrom – Thig Gam Theagast a th’ air an iomairt sin.

An lùib na h-iomairte tha làrach-lìn www.teagasg.com; sgaoileadh fios am measg oilleanaich agus sgoilearan mu mar a thèid aca air trèanadh fhaighinn mar thidsear agus sanasan TBh a chaidh a-mach aig àm na Nollaige.

’S ann air Ùghdarrasan Ionadail a tha an t-uallach airson luchd-teagaisg fhastadh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



For Immediate Release

23/05/2013

Support Opportunities for those interested in a career in Gaelic Teaching

Bòrd na Gàidhlig is today (23/05/2013) launching its annual funding scheme for Gaelic teaching students.

There are still opportunities for those interested in a career in Gaelic teaching to apply for Gaelic Initial Teacher Education courses (ITE) starting in the summer, with places available on some of the Gaelic ITE courses, including Primary and Secondary Education - Gaelic as a subject and subjects through the medium of Gaelic.

The Gaelic ITE courses are based at the University of Strathclyde, the University of Aberdeen and the University of the Highlands and Islands.

With a wide range of undergraduate and postgraduate Gaelic ITE courses available, it is expected that there will be a growth in the numbers of students training to be Gaelic teachers in 2013-2014. Bòrd na Gàidhlig's Education Grants scheme is offering support of £1,000, dependent on the course being undertaken and the year of study, as well as support with course fees should a person not qualify for support from the Student Awards Agency for Scotland (SAAS).

Bòrd na Gàidhlig also recognises that some applicants will have to give up continuous employment to undertake a Gaelic ITE course and is therefore offering additional top-up support of up to £4,000 to those in that situation.

All applications to this scheme must reach Bòrd na Gàidhlig by Monday 16th September 2013.

Bòrd na Gàidhlig's Head of Education and Learning, Mary MacMillan said: "There is a wide range of ITE course available for those who are interested in becoming Gaelic teachers, including undergraduate and post-graduate courses, full-time and part-time courses as well as distance learning options.

"To fulfil the targets set out in the National Gaelic Language Plan in relation to increasing the number of pupils enrolling in Gaelic-medium Education, Bòrd na Gàidhlig recognises how important it is that there are more Gaelic teachers, and this scheme supports the work being done to encourage more people to undertake Gaelic ITE courses."

Bòrd na Gàidhlig

Brath-naidheachd
Press Release



ENDS

For further information about the opportunities to apply for Gaelic ITE courses and about the Education Grants scheme, please contact the Gaelic Teacher Recruitment Officer at Bòrd na Gàidhlig on teagasg@gaidhlig.org.uk or 01463 225 454.

Notes for Editors

One of the Strategic Priorities in the National Gaelic Language Plan 2012-2017 is to ensure that adequate attention is given to the recruitment, retention, education, support and development of Gaelic-medium Education (GME) and Gaelic-learner education (GLE) teachers.

Bòrd na Gàidhlig has a Gaelic Teacher Recruitment Campaign aimed at encouraging people to become Gaelic teachers entitled Gabh an Cothrom – Thig Gam Theagasc (Take The Opportunity – Come and Teach Me).

That campaign incorporates a website www.teagasg.com; distributing information to students and pupils about how to become a Gaelic teacher; and T.V adverts that were broadcast at Christmas time.

Local Authorities have a responsibility for the employment of teachers.